



COMANN NAM PÀRANT (NÀISEANTA)

Aithisg Bhliadhnailean | Annual Report | 2020/21



Ro-ràdh a' Chathraiche

Tha mi toilichte a bhith a' toirt thugaibh Aithisg Bhliadhnailean Comann nam Pàrant (Nàiseanta) airson 2020/21.

B' e seo an treas bliadhna agamsa sa chathair aig Comann nam Pàrant (Nàiseanta) agus faodaidh mi ràdh gur e bliadhna làn dùblain a bh' ann dhuinn uile! A dh'aindeoin sin, tha mi toilichte innse dhuibh gu bheil a' chomataidh nàiseanta air a bhith ag obair cruaidh, a' leantainn le prògram sònraichte a chuir taic ri teaghlaichean tro na mìosan duilich.

Choinnich a' chomataidh nàiseanta ceithir tursan ann an 2020/21, le oifigich a' coinneachadh grunn thursan a bharrachd air a sin.

Tha sinn air leth toilichte, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, gun deach againn air na coinneamhan leis na priomh luchd-taic a thaobh FMG a chumail a dol. Chaith na puingean gniomh bho na ciad choinneamhan an gluasad air adhart, le bileag fiosrachaидh ga foillseachadh air solar àrd-sgoil FMG agus, às dèidh tuilleadh chòmhraídhean le Comann nam Pàrant, chuir Bòrd na Gàidhlig air dòigh coinneamh le priomh luchd-ùidh airson bruidhinn air 's dòcha sgrùdadh a dhèanamh air an Stiùireadh Reachdail. Tron bhliadhna a chaith seachad bha cothrom againn toradh ar rannsachaidh le phàrantan agus mar a chaith dhaibh tron chiad għlasadh-sluaign a roinneadh. Bha sinn an dòchas gum biodh seo a chuidicheadh buidhnean le bhith a' planadh airson piseach a thoirt air an taic a gheibh pàrantan ma thèid sgoiltean an dùnadh san àm ri teachd. Bha am fiosrachadh a fhuair sinn air ais bho phàrantan ag innse dhuinn gu robh iad, san fharsaingeachd, a' faireachdainn gun d' fhuair iad barrachd taic san dàrnna glasadh-sluaign, ged a bha an dìth bogaidh fhathast na uallach mhòr do dh'iomadh pàrant, gu h-àraidh dhaibhsan aig nach robh Gàidhlig san dachaigh.

Tha grunn ùghdarrasan ionadail draghail a thaobh na h-àireamhan a tha a' clàradh airson FMG ann an Clas 1 am-bliadhna. Bhiodh e na bhriseadh-dùil dhuinn nan deidheadh na h-àireamhan sìos ach 's dòcha gun gabh a thuigsinn às dèidh na dh'fhlàing daoine thairis air a' bhliadhna dh'fhàlbh agus mì-chinnt ann mun àm ri teachd. Tha sinn an dòchas gun dèan na bhidiathan a dheasaich sinn, a' sealltainn mar a rinn pàrantan aig diofar iреan an gnothach air foghlam tron għlasadh-sluaign, feum le bhith a' misneachadh phàrantan, agus bidh sinn ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail le bhith a' cur taic ri tachartasan fiosrachaيدh do theaghlaichean.



Helen NicFhionghainn

Chair's Introduction

I am pleased to present you with Comann nam Pàrant (Nàiseanta)'s Annual Report for 2020/21.

This has been my third year as chair of Comann nam Pàrant (Nàiseanta) and I think it would be fair to say that it has been a pretty challenging year for all. Despite that, I am pleased to be able to report that the national committee worked hard to continue a significant program of work to support families during these challenging times.

The Comann nam Pàrant (Nàiseanta) committee met on four occasions in 2020-21, with office bearers meeting on a number of additional occasions.

We were very pleased, with the support of Bòrd na Gàidhlig, to have continued our meetings with the main stakeholders in GME. Action points from our initial meetings have been progressed, with the production of an information leaflet for parents on GME secondary provision, and following further discussions with Comann nam Pàrant, Bòrd na Gàidhlig organised a meeting with main stakeholders to discuss the possible review of the Statutory Guidance. During this past year we were able to share the results of our survey of parents' experience during the initial lockdown. We hoped this would help organisations plan for an improvement in support for families during any future school closures. Our feedback from families has indicated that they did generally feel better supported during the second lockdown, although the lack of immersion in Gaelic has continued to concern many parents, especially those with no Gaelic in the home.

A number of local authorities are expressing concern on numbers enrolled for Gaelic medium P1 this year. A drop in numbers enrolling will be disappointing but perhaps understandable after the experience over the last year and the uncertainty for the future. We hope that the videos we have produced, which show how parents at different stages of education coped during lockdown will help to reassure families, and we will work with local authorities in support of information events for families.



Chan eil a h-uile sgìre a' faicinn àireamhan a' dol sìos, ge-tà, agus ann an Glaschu tha cus iarrtasan a' ciallachadh gu bheil 13 teaghlaich às aonais àite ann am FMG am-bliadhna agus iad a' feitheamh air ceann-là airson gluasad air adhart le tagradh an aghaidh a' cho-dhùnайдh. Tha a' chomataidh ionadail ann an Glaschu air a bhith a' toirt taic do phàrantan tron àm dhùbhlanach seo.

Tha a' chomataidh ionadail ann an Dùn Èideann air a bhith a' leantainn le còmhraidean leis a' Chomhairle a thaobh leasachadh de dhàrd-sgoil FMG sa bhaile. Bha a' Chomhairle am beachd an Co-chomhairleachadh Reachdail aca a thoirt do phròiseas comataidh na Comhairle. Chaidh seo a chur dheth, ge-tà, às dèidh don SNP an manifesto taghaidh aca fhoill-seachadh air 15 Giblean. Tha nàdar sònraichte an ro-innleachd a th' air a mhineachadh sa mhanifesto a' ciallachadh gu bheil i e duilich dèanamh a-mach dè th' air a thabhall do sgoilearan FMG. Tha diofar mòr eadar na molaidhean aig a' Chomhairle agus na tha an SNP a' gealltann airson Àrd-sgoil sònraichte airson na Gàidhlig am meadhan a' bhaile. Bidh a' chomataidh a' sireadh soillearachadh air na ceistean seo agus a' cumail còmhraidean le pàrantan gus am faigh iad an freagairt as feàrr airson foghlam na cloinne.

Mar a bha dùil, às dèidh a' chiad iarrtas shoirbheachail airson FMG fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus Stiùireadh Reachdail air Foghlam bho Bhòrd na Gàidhlig, chaidh an clas FMG ann an Siorrachd Àir a Tuath fhosgladh san Lùnastal 2020. Tha a-nis 15 ùghdarris ionadail a' tabhann foghlaum meadhan Gàidhlig aig ire bun-sgoile. Bu mhath leinn an soirbheachas seo fhaicinn cuideachd ann an sgìrean eile, agus sa bhliadhna tha romhainn bidh sinn ag obair gus taic a chur ris an iomairt aig Bòrd na Gàidhlig ann an trì sgìrean ùghdarrais ionadail. Tha sinn a' faireachdann, ge-tà, gu bheil am pròiseas, mar a th' air a mhineachadh san Achd, caran tuinnt agus 's dòcha gur e seo as coireach gu bheil cho beag de dh'iarrtasan air tighinn a-steach agus tha sinn an dòchas gun tèid sùil a thoirt air a seo mar phàirt den sgrùdadh air Stiùireadh Reachdail.

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta) taingeil airson taic ionmhais bho Bhòrd na Gàidhlig agus airson taic rianachd bho Chomunn na Gàidhlig. Chaidh againn air 'Oifigeal Ionnsachadh Teaghlach' fhastadh le airgead nach deach a chosg ann an CYPFEIF airson 20-21 agus, le taic a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig an-uirdh a thug dhuinn cothrom oifigeal leasachaidh fhastadh, tha a-nis sgioba de thriùir againn. A' leantainn leis an deagh naidheachd sin, tha sinn an dòchas gun leudaich seo gu ceathrar a dhàithghearr oir tha sinn air maoineachadh a bharrachd fhaighinn a tha ri chleachdadh airson ar cuideachadh às dèidh Covid. Tha mi an dùil gum bi gach ball den chomataidh a' cur ri mo thaing chridheil dhan sgioba dhicheallach, easgaidh airson na rinn iad airson ar cuideachadh sa bhliadhna chaidh seachad.

Not all areas are experiencing this drop in demand however, and in Glasgow over subscription has led to 13 families currently without a place in GME this year and awaiting a date to proceed with the appeals process against this decision. The local committee in Glasgow have been supporting parents through this challenging time.

The local committee in Edinburgh continues to engage with the Council towards the development of a Gaelic medium secondary school for the city. The Council had planned to take its draft Statutory Consultation through the Council's committee process, however the publication of the SNP's election manifesto on the 15th of April has compelled the Council to postpone any decisions regarding the proposal. The specific nature of the strategy outlined in the manifesto makes it problematic to ascertain what the current offer is for GME pupils. There are evident discrepancies between the Council's proposal and the new commitment from the SNP for a centrally located, standalone High School. The committee will seek clarification on these matters and engage with parents to ensure the best educational outcome for the children.

As planned, following the first successful application for GME under the Education Act (Scotland) 2016 and Bòrd na Gàidhlig's Statutory Guidance on Education, the Gaelic medium education class in North Ayrshire opened in August 2020. This takes the total number of local authorities offering Gaelic medium primary education to 15. We would like to see this success replicated in other local authority areas, and in this coming year we will be working to support the promotional campaign that Bòrd na Gàidhlig are planning in three targeted local authority areas. However, we feel the process as laid down in the Act is overly complicated, and perhaps one of the reasons that there have been so few requests and we hope that the process will be looked at as part of the review of Statutory Guidance.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) is grateful to Bòrd na Gàidhlig for their financial support and to Comunn na Gàidhlig for continuing administrative support. We have been able to employ a 'Family Learning Officer' with an underspend in CYPFEIF for 20-21, and along with the additional support from Bòrd na Gàidhlig last year, which allowed us to employ a development officer, this has brought us up to a team of three. In further good news, this number is due to increase shortly to four as we have been granted extra funding in support of post-covid recovery. I'm sure all committee members will join me in extending a wholehearted thank you to our hardworking and dedicated team for all their efforts in keeping us supported this year.



Anns a' bhliadhna tha romhainn, agus tro amannan a tha cho mì-chinnteach, cumaigh sinn oirnn le bhith ag obair gu dlùth le buill eile de Chomann nam Pàrant is buidhnean eile gus taic a thoirt do theaghlachean tron linn dhuilich seo agus fhad 's a tha sinn a' faighinn seachad air.

Bu mhath leam taing a thoirt do gach pàrant ann am buidhnean iondadal Chomann nam Pàrant a th' air a bhith ag iomairt airson agus a' cur taic ri foghlam meadhan Gàidhlig am-bliadhna. Tha sinn mothachail gu bheil cuideam mhòr air pàrantan agus tha sinn a' cur luach air an ùine agus an obair a tha iad a' tabhann do CnP aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Mu dheireadh, tha ar comataidh a' gabhail a-steach pàrantan air stèidh saor-thoileach, le pàrantan deònach an ùine aca fhèin a chur seachad a' cur taic ris a' bhuidheann. Tha mi a' toirt taing mhòr do gach ball airson na rinn iad am-bliadhna, agus airson an dicheal, ùine agus dealas.

Helen NicFhionghainn,
Cathraiche Chomann nam Pàrant (Nàiseanta)
Cèitean 2021

In the coming year, and in these very uncertain times, we will continue to work closely with other members of Comann nam Pàrant and associated bodies to support families through the current crisis and recovery period.

I would like to thank all the parents in the local Comann nam Pàrant groups who have campaigned for and supported Gaelic medium education this year. We realise that parents have many commitments and the time and effort they give to CnP at both local and national level is hugely appreciated.

Finally, our committee is a voluntary body of parents who willingly give up their personal time to support the organisation. I sincerely thank all members for their input this year, and for all their effort, time and commitment.

Helen Mackinnon,
Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Chairperson
May 2021



Ar n-Obair

Tha na bacaidhean thairis air a' bhliadhna chaidh seachad a' ciallachadh gun tāning oirnn mòran de na gniomhan àbhaisteach againn a chur dheth. Chaidh againn, ge-tà, mar a chaidh aig mòran eile, air atharrachadh mar a tha sinn air a bhith ag obair agus tha mòran de na tha sinn air a bhith a' dèanamh air gluasad air-loidhne.

Togail inbhe Foghlam Meadhan Gàidhlig agus iarrasan airson sgoiltean ùra Gàidhlig no leudachadh de sholar a th' ann mar-thà

Chaidh sgrùdadh iomchaidheachd a thaobh làrach Gàidhlig 3-18 airson Inbhir Nis a ghabhail os làimh ged nach robh e comasach tadhal air sgoiltean eile airson agallamhan a chumail. Sheall an aithisg gun robh cothrom ann sgoil Ghàidhlig ùr a stèidheachadh an Inbhir Nis, leis gun robh cothrom gum biodh iarrtas sa mheadhan-ùine airson làrach meadhan Gàidhlig ann an sgìre goireasach den bhaile eadar 800 is còrr is 1,000 sgoilear sa mheadhan- gu fad-ùine. Chaidh failte a chur air an aithisg nuair a chaidh i gu Comhairle na Gàidhealtachd airson meòrachadh agus nì a' chomhairle a-nis sgrùdadh iomchaidheachd nas mionaidiche.

Ged nach do choinnich am buidheann tràth-bhliadhnochann ann am Fiobha thairis air a' bhliadhna chaidh seachad, tha sinn air leantainn le obair am measg phàrantan aig a bheil ùidh ann an solar FMG ann am Fiobha. Chan eil an-dràsta an àireamh de chloinn aca airson iarrtas a chur a-steach fo Achd an Fhoghlaim 2016 a bhiodh a' ciallachadh ach tha iad air fios a chur chun chomhairle airson an ùidh aca ann am FMG a chlàradh. Còmhla ri Bòrd na Gàidhlig, tha sinn air coinneachadh ri oifigearan foghlaim aig Comhairle Fhiobha airson bruidhinn air FMG agus bidh sinn ag obair còmhla ri BnG airson iomairt san sgìre le dùil gum bidh FMG ri fhaighinn ann bhon Lùnastal 2022. Bidh iomairtean den aon seòrsa a' tachairt ann an dà sgìre eile, Dun Bhreatainn an Iar agus Roinn Friù.

Ann an Lannraig a Tuath, tha sinn ag obair còmhla ri buidheann ionadail Chomann nam Pàrant a' cur taic ri iarrtas bho phàrantan airson sgoil Ghàidhlig fa leth dhan sgìre. Tha an t-ùghdarris ionadail an-dràsta an lùib co-chomhairleachadh air am Plana Gàidhlig aca, far a bheil iomradh air làrach Gàidhlig 3-18 mar amas agus, leis a' mhòr-chuid de chloinn ann am Bun-sgoil Chondorait a-nis a' dèanamh foghlam meadhan Gàidhlig, thathar an dòchas gum faicear adhartas ga dhèanamh.



Our work

The restrictions over the past year have meant that we have had to curtail many of our usual activities. We have, though, like many others, adapted to a new way of working and have managed to transfer much of our work online.

Promotion of Gaelic medium education and demand for new dedicated Gaelic schools or expansion of current provision

The feasibility study into a 3-18 Gaelic campus for Inverness was carried out, although planned visits to other schools and face to face interviews were not possible. The report, which demonstrates that there is an opportunity to establish a new Gaelic stand-alone school in Inverness found that "demand in the medium term for a 3-18 Gaelic medium school campus in an accessible area of Inverness could range from 800 to 1,000 pupils plus in the medium to longer term". The report was welcomed when submitted for consideration to Highland Council and the council will now be carrying out a more detailed feasibility study.

Although the early years group in Fife have not met over the past year we have continued to work with parents who are interested in having Gaelic medium primary education (GMPE) in Fife. They do not currently have the required number of children to submit a request under the 2016 Education Act but have contacted the local authority to register their interest in GMPE. Along with Bòrd na Gàidhlig, we have met with Fife Council education officers to discuss GMPE and will be working with BnG on promotion in the area with a view to have GMPE from August 2022. There will be similar campaigns in two other areas; West Dunbarton and Renfrewshire.

In North Lanark we are working with the local Comann nam Pàrant group in support of the parental demand for a stand-alone Gaelic school. The local authority are currently consulting on their Gaelic Language Plan, which has a Gaelic medium 3-18 campus as a proposed high level aim, and with the majority of pupils in Condorrat Primary now in Gaelic medium we are hopeful that progress will be made.



A chionn nach deach againn air an sgeama comhairleachaidh do phàrantan a dhèanamh mar is àbhaist, le bhith a' coinneachadh ri daoine, chuir sinn air dòigh sreath de bhidiothan air FMG ag amas air na diofar irean san t-siostam foghlaim le sùil ga thoirt air FMG tron għlasadh-sluaigh cho math ri na h-amannan àbhaisteach. Tha sia bhidiothan ann gu lèir; rosgoile, bun-sgoil agus an àrd-sgoil. Chaidh iad seo an sgaoileadh air na meadhanan sòisealta agus tron lionradh againn de phàrantan is ùghdarrasan ionadail. Tha na bhidiothan air còrdadh ri daoine, a rèir choltais, leis a' chiad bhidio mu fhoghlaim bun-sgoile a' faighinn còrr is 6K neach-amhairc. Thàinig oirnn obrachadh timcheall air na bacaidhean agus tha sinn fada an comain an neach-fiolm agus na teaghlaichean a ghabh pàirt a dh'aindeoin cho duilich sa tha cuisean.



Fiosrachadh do Phàrantan

Tha sinn air grunn choinneamhan a chumail le pàrantan air-loidhne mar a tha buidhnean air fàs nas cleachdte ri coinneachadh mar seo.

Bho 21 Lùnastal gu 7 Sultain 2020, rinn Comann nam Pàrant suirbhidh airson pàrantan le clann ann am FMG. Sgaoil sinn an suirbhidh air ar meadhanan sòisealta agus tro na pàrantan is aithne dhuinn is na sgoiltean. Bha sinn air ar misneachadh leis na fhuair sinn de fhreagairtean, le 517 freagairt a' riodachadh gach sgìre ùghdarrais far a bheil FMG air a thabhall ach a-mhàin Siòrrachd Äir a Tuath agus an Ear. Bha an àireamh a fhreagair iongantach agus tha sinn fada an comain na pàrantan a chosg ùine a' freagairt. Tha an ìre de dh'ùidh am measg phàrantan a' sealltainn cho mòr sa tha i an sàs ann a bhith a' cur taic ri foghlam an cuid cloinne, ge brith a bheil Gàidhlig aca no nach eil. Bha pàrantan aig an robh clann a fhuair beagan air choireigin de chonaltradh 'beò' le tidsearan a' faireachdann gur e rud math a bha seo agus iad a' smaoineachadh gun do chuidich e clann le fileantachd. San fharsaingeachd, bha an fheadhainn a fhuair conaltradh 'beò' bha thidsearan gu tric is gu cunbalach a' faireachdann tòrr na b' fheàrr mun għlasadh-sluaigh. Bha an fheadhainn nach d' fhuair conaltradh sam bith air an tàmailteachadh agus iad a' faireachdann gun do dh' fħulaing fileantachd an cuid cloinne air sgàth seo ach bha iad an dòchas gum biodh barrachd teagasg beò ri fhaighinn nam biodh għlasadh-sluaigh ann a-rithist. Bha dith cothromachd agus dith cunbalachd eadar sgirean ùghdarrasan ionadail agus uaireannan eadar sgoiltean gu math soilleir, an dà chuid tron għlasadh-sluaigh agus bho thill sgoilearan dhan sgoi.

As we have been unable to meet with parents in person for the parental advisory scheme, we commissioned a series of videos on Gaelic medium education covering different educational stages during lockdown as well as during more normal times. There are six videos: pre-school, primary and secondary. These have been shared on social media as well as across our network of contacts for parents and local authorities. These have been well received, with the first video released on primary education having over 6k views. We had to work around restrictions and are very grateful to our film maker and the families who contributed for doing such a great job despite this.

Chaidh againn air buaidh an suirbhidh a shealltainn do bhuidhnean Gàidhlig agus foghlaim cho math ri riochdairean bho tìughdarsan ionadail aig coinneamh GLAN (Gaelic Local Authority Network). Ged nach do rinn sinn an suirbhidh arithist, tha am fios a tha sinn air fhaighinn bhon dàrna glasadh-sluagh a' cumail a-mach gun robh an taic a fhuaireàr an turas seo.

Bha cuid de phàrantan air freagairt san t-suirlidh gun robh duilgheadasan aca le bhith a' lorg na goireasan air-loidhne, gu h-àraidi mura robh Gàidhlig aca. Airson taic a thoirt do phàrantan agus gus cothrom a thoirt do bharrachd dhaoine faighinn gu na goireasan sgoinneil a bha air-loidhne chaidh co-dhùinadh gum biodh an clàr-ama #cleachdi nas fhasa do phàrantan faighinn thuca. Tharraing Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh air fad gach seachdain agus chaidh sin an uair sin a chur gu Comann nam Pàrant airson a chur air an làrach-lìn againn fhèin agus chuir sinn an lionc agus am faidhle gu pàrantan is sgoiltean gach seachdain.

Maoin Tràth Eadraignn Chloinne, Dhaoine Òga is Theaghlaichean – Riaghaltas na h-Alba (CYPFEIF)

Tha Comann nam Pàrant toilichte a bhith a' cumail taic ri tràth ionnsachadh Gàidhlig agus cùram-cloinne, gu h-àraidi na prìomh chosgaisean aig buidhnean saor-thoileach 0-3, a' cleachdadh maoineachadh a thathar a' faighinn bho Maoin Tràth Eadraignn Chloinne, Dhaoine Òga is Theaghlaichean. Bu choir gur e seo a' bhliadhna mu dheireadh den mhaoin agus, ann an compàirteachas le Comunn na Gàidhlig, chuir Comann nam Pàrant iarrtas chun struth-maoin ùr, Maoin Teaghlaich is Choimhearsnachdan. Mar fhreagairt air an àm dhuilich sa bheil sinn beò, cho-dhùin Riaghaltas na h-Alba gun cuireadh iad dàil anns an atharrachadh seo agus chum iad an CYPFEIF a' dol airson bliadhna eile. Tha iad a-nis air seo a leudachadh airson an dàrna bliadhna ach tha iad air a dhèanamh soilleir gur e seo, 2021-22, a' bhliadhna mu dheireadh. A chionn nach deach aig mòran de na buidhnean coinneachadh am-bliadhna, cha deach an t-airgead air fad a chosg. Le aonta bho Riaghaltas na h-Alba, chleachd sinn an t-airgead seo airson Oifigear Ionnsachaidh Teaghlaich fhastadh airson bliadhna.

We were able to share and discuss our survey results with educational and Gaelic organisations, as well as local authority representatives, at a meeting of GLAN (Gaelic local authority network). Although we have not repeated our survey, any feedback we have had from the second lockdown has indicated that support for parents, especially regarding live teaching, was much improved the second time around.

Some parents had reported in the survey that they found navigation of online resources problematic, especially if they did not speak Gaelic. To help parents and to widen access to the excellent resources online it was decided that the #cleachdi timetable could be made more accessible to parents. To do this Bòrd na Gàidhlig collated the information on a weekly basis, then sent it to Comann nam Pàrant to host on our website. We also distributed the link and PDF file to parents and schools every week.

Children, Young People and Families Early Intervention Fund – Scottish Government (CYPFEIF)

Comann nam Pàrant are pleased to continue to support Gaelic early learning and childcare, particularly the core costs of 0-3 voluntary groups, with the funding that we receive through the Children, Young People and Families Early Intervention Fund. Last year should have been the final year of the fund and, in collaboration with Comunn na Gàidhlig, Comann nam Pàrant applied to the new funding stream 'Families and Communities Fund'. In response to the current crisis Scottish Government took the decision to delay this change to funding for the third sector and initially extended the CYPFEIF for a year. They have extended the funding for a further year but have indicated that this, 2021-22 will be the final year for this fund. As many of the early year's groups have been unable to meet over the past year we have had an underspend in the funding and with agreement from Scottish Government, we have used this to employ a 'Family Learning Officer' for one year.



The image shows a screenshot of the Holyrood news website. At the top, there is a red header with the word "HOLYROOD" in white. Below the header, there is a navigation bar with links for "NEWS", "COMMENT", "INSIDE POLITICS", "EDITOR'S COLUMN", "EVENTS", "PORTFOLIOS", and "MORE". The main content area features a large photograph of two children in a classroom, one holding a tablet. Below the photo, there is a caption in red text: "Associate feature: How Comann nam Pàrant is supporting Gaelic medium education".

Riochdachadh aig Ìre Nàiseanta

Fhrithéal sinn an treas choinneimh de "Adhartas aig Ìre nas Luaithe", san Lùnastal, mar luchd-amhairc. Chaidh seo a chur air dòigh le Iar-Chiad Mhinistear, Mgr Iain Swinney, a bha sa chathair. Choinnich a' bhuidheann seo, a tha a' toirt còmhla na priomh bhuidhnean poblach aig a bheil plana Gàidhlig airson bruidhinn air dòighean san gabh adhartas a dhèanamh nas luaithe a thaobh a' chànan, airson a' chiad uair san Lùnastal 2018. Thug na bha an làthair fios às ùr air adhartas a chaidh a dhèanamh sa bhliadhna chaidh seachad anns na còig sruthan obrach a chaidh a chruthachadh: Ceangal leis a' Choimhеars-nachd, Digiteachd is na Meadhanan, Eaconamaidh agus a' MHargaidh Cosnaidh, Compàirteachas agus Fastadh is Cumail Thidsearan.


Còmhla ri Bòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal agus riocdaire bho Chomhairle Bhaile Ghlaschu, choinnich sinn ri panal de eòlaichean a tha ag obair air sgrùdadadh OECD air a' Churràicealam airson Sàr-mhathais. B'e seisean goirid a bha seo agus ged a chaidh innse dhuinn aig deireadh an t-seisein gum faodar beachdan a chur thuga ann an sgriobhadh, rud a rinn sinn, fhuair sinn fios nach robh sinn air am fiosrachadh ceart fhaighinn, rud a bha tàmailteach dhuinn. Cha deach an aithisg fhoill-seachadh fhathast.



Obair Compàirteachais

Tha sinn air coinneachadh gu cunbalach, agus air obair a dhèanamh ann an compàirteachas, leis an sgioba foghlaim aig Bòrd na Gàidhlig.

Tha coinneamhan againn gu cunbalach le Foghlam Alba agus tha sinn a' cur luach air an taic a tha iad a' toirt dhuinn le bhith a' co-roinn fiosrachaидh agus a' sgaoileadh ar cuairt-litir.



Representation at national level

We attended the third meeting of a 'Faster Rate of Progress' in August, as observers. This was organised and chaired by Depute First Minister, Mr John Swinney. This gathering, bringing the main public bodies with Gaelic language plans round the table to discuss ways of accelerating progress in the development of the language, first met in August 2018. Participants provided an update on progress made in the year from the five working streams that had been established; Community Engagement, Digital and Media, Economy and Labour Market, Participation and Teacher Recruitment and Retention.

Along with Bord na Gàidhlig, Feisean na Gàidheal and a representative from Glasgow City Council we met with the panel of experts conducting the OECD (Organisation for Economic Cooperation and Development) review into Curriculum for Excellence. This was a short session and although we are advised at the close of the session that we could make a written submission, when we subsequently did, we were informed that we had not been given the correct information, which was disappointing. The final report has yet to be published.

Collaborative working

We have regular meetings with, and work in partnership with, the education team at Bòrd na Gàidhlig.

We have regular meetings with Education Scotland and appreciate their support in sharing of information and circulating our newsletter.

Seachdain Gàidhlig airson Sgoiltean ann an Dùn Èideann Gaelic week for schools in Edinburgh



Goireasan Gàidhlig

Anns a' bhliadhna chaidh seachad, tha sinn air leantainn leis a' chompàirteachas le Our Dynamic Earth le bhith ag eadar-theangachadh na stuthan a th' aca air-loidhne, a tha a' cur taic ris a churraicealaim. Tha sinn cho toilichte gu bheil iad cho déidheil gum bi Gàidhlig aca mar phàirt den phasan foghlaim. A-rithist am-bliadhna, cha robh e comasach dhuinn seachdain Gàidhlig a chumail sa Ghiblean ach bheir sinn sùil air an t-suidheachadh nas fhaide dhan bhliadhna.

During this past year we have continued our partnership with Our Dynamic Earth to translate some of their online materials which support the curriculum, into Gaelic. We are delighted that their staff have been so positive and keen to have Gaelic content as part of their educational package. Again, this year it was not possible to hold the Gaelic Week in April, but we will review the situation later in the year.

Co-roinn Fiosrachaidh

Tha cuairt-litir againn do phàrantan, far a bheil fiosrachadh air iomairtean foghlaim nàiseanta cho math ri naidheachdan mun Ghàidhlig agus fios mu na gnìomhan anns a bheil buidhnean ionadail an sàs. Bidh sinn cuideachd a' sgaoileadh fiosrachaidh tron duilleag Facebook againn agus air Twitter.

Magaidh Wentworth,
Oifigear Phàrant

Information sharing

We have a newsletter for parents which has information on national educational initiatives as well as Gaelic related content and features on local Comann nam Pàrant activities. We also share information with parents via our Facebook page and Twitter.

Magaidh Wentworth,
Parental Officer



COMANN NAM PÀRANT (NÀISEANTA)

Aithisg Bhliadhnaill / Annual Report

2020/21

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta), a' bhuidheann stiùiridh airson nam buidhnean ionadail, na charthannas clàraichte an Alba le prìomh amas "a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taice do stèidheachadh is cumail suas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig". Tha comas aig a h-uile sgìre far am bheil buidheann CnP ionadail a bhith air an riochdachadh air a' chomataidh nàiseanta, a' ciallachadh gun cluinnear guth gach pàrant aig iùre nàiseanta.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta), the umbrella body for Comann nam Pàrant groups, is a registered charity in Scotland whose main aim is "to promote and support the establishment and maintenance of education through the medium of Gaelic". All areas with local CnP groups are able to be represented on the national committee, thus ensuring that all parents can have a voice at national level.

Comataidh Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) 2020/2021

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Committee 2020/2021

Eilidh NicFhionghainn Helen Mackinnon	Cathraiche / Chairperson
Fiona Stephen	Iar-cathraiche / Vice-chair
Gill Steele	Rùnaire / Secretary
Fiona Carter	Glaschu / Glasgow
Claire Wilding	An t-Òban / Oban
Isobel Taylor	Dùn Omhain / Dunoon
Sorcha O' Carroll	Inbhir Narann / Nairn
Paul Smith	Siòrrachd Dhùn Breatann an Ear / East Dunbarton
Emma Burrows	Port Righ / Portree
Marsaili Dow	Co-thaghte (Ionmhasair) / Co-opted (Treasurer)



Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhìcheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-laimhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

www.parant.org.uk

